

Nàiseanta 4 Gàidhlig Labhairt Cur-seachadan Earrann air a' chuspair "Goireasan cur-seachad" Pàirt 1.

Tidsear: Feasgar math, Alasdair. Dè an cuspair a tha agad an-diugh?

Alasdair: Feasgar math. Tha mi a' dol a bhruidhinn an-diugh air a' chuspair 'Chan eil goireasan cur-seachad gu leòr san sgìre agam fhèin'.

Tidsear: 'S e cuspair inntinneach a tha sin. Siuthad ma-thà.

Alasdair: An toiseach, bu toigh leam beachdachadh air na cuspairean a tha anns an sgìre seo. 'S e sgìre iomallach a tha seo agus tha am baile-mòr as fhaisge oirnn seasgad mìle air falbh. Mar sin, 's e glè bheag de ghoireasan a tha againn. Tha amar-snàmh beag againn agus tha ionad-spòrs againn mar phàirt den àrd-sgoil. Tha pàirc agus raon-goilf beag ann cuideachd.

Saoilidh mi nach eil gu leòr anns an sgìre seo – gu h-àraid do dh'òigridh. Bidh sinn a' cleachdadh an ionaid-spòrs anns an sgoil agus cò bhiodh ag iarraidh an latha air fad a chur seachad anns an sgoil? Tha an t-amar-snàmh aost' 's feumach air leasachadh. Saoilidh mi gu bheil a' phàirc fhèin robach – chan eil càil innte ach feur.

Air an oidhche, bidh mi fhìn agus mo charaidean a' coinneachadh ann am meadhan a' bhaile agus a' cur seachad tìde a' bruidhinn ri chèile. Tha cuid de na sgoilearan as sine a' smocadh agus ag òl. Saoilidh mi nach biodh iad ris na rudan seo nam biodh barrachd ghoireasan ann...